

Freagairtean Sabhal Mòr Ostaig

Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2017-22

Tha cumadh a' Phlana a' gabhail a-steach amas, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air *cumadh a' Phlana* agus air an *àrd-amas* againn?

- Cha robh cruth a' Phlana cho soilleir 's a dh'fhaodadh e bhith agus tha ceist oirnn a bheil feum air Caibideil 3: Thar-sealladh? Tha am Plana fhèin gu math goirid mar sin shaoil sinn nach biodh e iomchaidh Caib. 3 a bhith ann.
- Am biodh e iomchaidh cruth Planaichean Cànain nam buidhnean eile a chleachdadh?
- Chan eil am prìomh amas cho follaiseach sa bu chòir dha bhith sa Phlana fhèin, tha e am measg earrannan eile agus chan eil an duilleag le barrachd fiosrachaidh (t.d. 6) a' seasamh a-mach.
- Thathas riarachaidh le susbaint prìomh amas a' Phlana.
- Cha robhas buileach cinnteach de bh' anns a' chiad trì duilleagan - chan eil tiotal orra agus tha iad a' nochdadh ron chlàr-innse.
- Chan eil na trì caibideilean (6, 7 is 8) a' tighinn a rèir na trì cinn fon phrìomh amas ann an dòigh shoilleir.
- Bhiodh dealbh den adhartas a chaidh a dhèanamh bhon chiad Phlana is bhon dàrna Plana airson adhbhair dòchais agus beachd mhath air na dùbhlanan a tha romhainn a nochdadh gu soilleir.
- Tha ceist oirnn mun tiotal aig a' chaibideil "A' Ghàidhlig ann an Alba" - dà adhbhar - bhite a' sùileachadh gun leanadh caibideil a bharrachd mu dheidhinn "A' Ghàidhlig sa chòrr den t-saoghal" ach mura leanadh gum bu chòir atharrachadh gu "A' Ghàidhlig an-diugh".

Tha sinn dhen bheachd gu bheil e riatanach gum bi deagh *ìomhaigh aig a' Ghàidhlig* agus gum bi na raointean shuas a' cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a' chuspair seo?

- Tha obair ri dhèanamh a thaobh ìomhaigh na Gàidhlig anns na sgoiltean gu h-àraid sgoilearan a tha a' feuchainn ri Gàidhlig a thaghadh mar chuspair leis gu bheil na taghaidhean aca ag ìsleachadh. Tha ìomhaigh agus cothroman-obrach cudromach ann a bhith a' tabhann dhaoine òga gu Gàidhlig.
- Tha e na bhrosnachadh gu bheilear ag amas air a bhith a' cur air adhart teachdaireachdan làidir agus beachdan a thoirt seachad air sgeulachdan a tha "claon is ceàrr."
- Tha mi-chothromachadh ann an-dràsta eadar boireannaich is fireannaich a' taghadh Gàidhlig mar chuspair agus bhiodh e feumail co-obrachadh air dòighean a dh'fhaodadh an suidheachadh seo a leasachadh.

- Tha Sabhal Mòr Ostaig gu math mothachail air cho cudromach 's a tha ìomhaigh na Gàidhlig ann a bhith a' tarraing oileanaich gu foghlam Gàidhlig àrd-ìre agus tha sinn a' faicinn gu bheil àite cudromach aig na h-ealain Ghàidhlig agus aig na meadhanan Ghàidhlig ann a bhith a' cruthachadh na h-ìomhaigh seo . Air sàillibh sin, bu chòir Sabhal Mòr Ostaig a bhith ainmichte an seo mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig a thaobh na h-ealain Ghàidhlig.
- Tha Sabhal Mòr Ostaig a' cur luach mòr air com-phàirteachas agus tha sinn a' co-obrachadh le iomadh buidhinn anns na diofar raointean. Bhiodh e iomchaidh gum bite a' togail air a sin ann a bhith a' dealbh Plana ùr nàiseanta airson nan ealan.

Tha sinn dhen bheachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a' Phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na prìomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A bheil beachdan agaibh air seo, agus air na prìomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig

- Tha cus cuideim air àireamhan an luchd-labhairt seach ìre na Gàidhlig.
- Thathas a' dol leis a' bheachd gu bheil slighean ùra rin leasachadh a chuireas taic ris an amas àireamhan agus ìre an luchd-teagaisg àrdachadh. Tha sinn a-cheana air tòiseachadh leis a' chùrsa BA Urram Gàidhlig is Foghlam (cuideachd ri fhaotainn aig Colaisde a' Chaisteil).
- Bhiodh e iomchaidh togail air Leasachadh Leantainneach Proifeasanta (LLP) airson luchd-obrach na Gàidhlig far a bheil ìre na Gàidhlig gu math caochlaideach agus thathas airson sgilean a leasachadh aig a h-uile ìre.
- Tha sinn a' dol gu làidir leis a' mholadh cùrsa cùram-chloinne tro mheadhan na Gàidhlig a leasachadh. Tha feum air ma thathas airson amasan an Riaghaltais a choileanadh. Le ionad Fàs Mòr stèidhichte an seo, tha sinn làn mhothachail air cho cudromach sa bhiodh an leasachadh seo.
- Tha luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig an lùib ionnsachadh dà-chànanachas far nach eil luchd-obrach cùram-chloinne sa Bheurla, mar sin tha e riatanach gum faigh iad uidheamachadh sònraichte seo a chur an gnìomh.
- Seach gu bheil sinn an-dràsta a' leasachadh cùrsa ùr tràth-bhliadhnaichean, bhiodh e iomchaidh gum biodh Sabhal Mòr ainmichte gu sònraichte san earrann seo.
- Tha e math gu bheil amas deimhinnte anns a' Phlana a thaobh àireamhan nan sgoiltean làn Ghàidhlig. Bidh maoinachadh agus trèanadh nan tidsearan nam pàirtean cudromach de na h-amasan seo agus tha e riatanach gum bi ìre an teagaisg freagarrach.
- Tha Sabhal Mòr Ostaig a' faicinn gu bheil siostam taghadh chuspairean nan sgoiltean a' toirt droch bhuaidh air a' Ghàidhlig. Tha sin an uairsin a' toirt buaidh air àireamhan a' dol air adhart gu foghlam leantainneach is adhartach agus gu dreuchdan Gàidhlig.
- Thathas toilichte faicinn gu bheil Gàidhlig do dh'inbich na phrìomhachas aig a' Bhòrd leis gu bheil e againn fhèin mar phrìomhachas agus sinn uidheamaichte airson slighean ionnsachaidh a liubhairt.

Tha sinn dhen bheachd gu bheil na raointean a chaidh a thaghadh cudromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'fhaodamaid piseach a thoirt air ìre cleachdaidh na Gàidhlig?

- Tha Sabhal Mòr Ostaig na eisimpleir de choimhearsnachd Ghàidhlig far a bheilear a' cleachdadh a' chàin gach latha agus a' cruthachadh baile ùr le Gàidhlig aig cridhe na cùise agus tha e annasach mar sin nach eil Sabhal Mòr Ostaig air ainmeachadh san earrann seo.
- Bu chòir a' Ghàidhlig a bhith aithnichte mar sgil-obrach agus tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig seo a thogail le Skills Development Scotland (SDS).
- Tha Slèite na dheagh eisimpleir de choimhearsnachd a tha gu mòr stèidhichte air cànan agus tha sinn tuigsinn cho cudromach 's tha e gum bi eaconamaidh làidir anns na sgìrean far a bheil a' Ghàidhlig na cànan làitheil.
- Chan eil gu leòr cuideim ga chur air coimhearsnachdan sa Phlana. Tha e follaiseach bho rannsachadh phoileasaidh càinain (m.e. SOILLSE) gur i a' choimhearsnachd an t-àite às cudromaiche airson leasachadh càinain seasmhach.
- Bu chòir barrachd taic a bhith ann do bhuidhnean leasachaidh coimhearsnachd gus am bi cothrom acasan a' Ghàidhlig a bhrosnachadh ann an dòighean a tha freagairt orra fhèin.
- Cha bu chòir sealbhachd na talmhainn a bhith na phàirt de dh'amasan a' Bhùird ach buaidh a' chàinain anns na coimhearsnachdan fhèin (faic t.d. 30)
- Tha e feumail gu bheil 'coimhearsnachdan ceangailte tro theicneòlas 's na meadhanan' air an aithneachadh oir tha na coimhearsnachdan seo a' sìor fhàs.

Ann an ceistean 2, 3 is 4, chaidh iarraidh oirbh ur beachdan a thoirt air na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh. Anns a' cheist seo, bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn air na prìomh ghealltanasan a chomharraich sin agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann gus an dèanar adhartas ann a bhith a' leasachadh na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann a bhith a' leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi i air a cur gu feum?

- Tha corpas gu mòr co-cheangailte ri feabhas a' chàinain agus bu chòir gum biodh àite aige ann am Plana Nàiseanta sam bith. Tha feum air togail air an obair anns a bheil pròiseactan mar Faclair na Gàidhlig, Ainmean Aite na h-Alba, DASG agus Leacag an sàs.
- Bu chòir pròiseactan sònraichte mar Tobar an Dualchais a bhith air an cur air adhart mar ghòireas nàiseanta a thaobh cultar agus dualchas a' chàinain leis gur ann às na coimhearsnachdan fhèin a tha na stuthan a' tighinn.

Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingeann eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgrìobh sibh iad gu h-ìosal

- Tha sinn a' tuigsinn gun deach seo a sgrìobhadh aig ìre Ro-innleachdail ach bhiodh e feumail dhuinne mar bhuidheann Ghàidhlig nam biodh iomradh a bharrachd ann air ciamar a thèid na h-amasan sa Phlana an cur an gnìomh.
- Chan eil puingean ann a thaobh ìre na Gàidhlig. Chan eil an Cunntas Sluaigh a' toirt iomradh air seo agus dh'fhaodadh e bhith feumail barrachd mìneachaidh/tomhais a dhèanamh air ìrean seach àireamhan.
- Tha sinn a' faireachdainn gum bu chòir Sabhal Mòr Ostaig, mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig, a bhith nas aithnichte mar phrìomh ùghdarras agus bhuidhinn.